



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Com-pàirteachas nàiseanta a' toirt taic do
dh'fhoghlam Gàidhlig air feadh Alba
Aithisg Bhliadhnail 2004-5

A national partnership supporting
Gaelic education
Annual Report 2004-5





1. Ro-ràdh

Chaidh adhartasan cudromach a dhèanamh ann an obair an Stòrlainn sa bhliadhna 2004-5. Bha leudachadh sa phrògram eadar-ùghdarrais a' co-fhreagairt tuilleadh compàirteachaidh ann an iomairtean nàiseanta ann am foghlam agus ann an leasachadh leantainneach co-phròiseactan le com-pàirtichean leithid Learning and Teaching Scotland (LTScotland). B' e am pròiseact, *gàidhlig air-loidhne* bu mhotha dhe na co-phròiseactan sin. Bha àite cudromach a-rithist aig a' phileat air-loidhne, *Cruinn-eòlas aig Astar* ann am prògram-obrach an Stòrlainn agus ghabh luchd-foghlaim ùidh mhòr ann.

Dh'èirich luach na malairt gu £891,538 tron bhliadhna an coimeas ri £729,105 ann an 2003-4. Ri linn atharrachaidhean san structair ionmhais airson na Gàidhlig fhuair an Stòrlann ionmhas airson a phrìomh roinnean-obrach tro Bhòrd na Gàidhlig an àite tron Riaghaltas. B' e na h-ùghdarrasan ionadail bu mhotha a mhaoinich am prògram eadar-ùghdarrais le tuilleadh maoinachaidh bho Riaghaltas na h-Alba agus bho Bhòrd na Gàidhlig. Bha meudachadh ann an tabhartasan nan ùghdarras bho £315,964 gu £401,851 agus dh'èirich luach na h-obrach a chaidh a choileanadh air a' phrògram eadar-ùghdarrais bho £404,489 gu £492,798. Chaidh an ionmhas airson *gàidhlig air-loidhne* suas bho £80,960 gu £165,300, a' sealltainn an leudachaidh a thàinig an lùib na pròiseict.

Rè na bliadhna dh'ainmich Bòrd na Gàidhlig àrdachadh ann am maoinachadh an Stòrlainn ann an 2005-6. Thug seo cothrom planaichean a dhèanamh airson tuilleadh leudachaidh sa phrògram eadar-ùghdarrais. Tha àrdachaidhean ann an ìre a' mhaoinachaidh misneachail ach tha feum air àrdachadh a bharrachd ma thathas a' dol a lionadh nam beàrnan a th' ann am foghlam Gàidhlig.



2. Geàrr-chunntas de Phrìomh Leasachaidhean

2.1 Am Bòrd Stiùiridh

Dh'atharraich suidheachadh a' Bhùird san t-Sultain 2004, nuair a leig Mairead NicÌomhair dhith a dreuchd mar riochdaire Comunn na Gàidhlig (CNAG), an dèidh bhith air a suidheachadh ann an dreuchd ùr ann an Oilthigh Obar Dheathain. Ghabh Dòmhnall Màrtainn, Ceannard ChNAG, a h-àite air a' Bhòrd. Bu mhath leis an Stòrlann taing a thoirt dha Mairead NicÌomhair airson na h-obrach ionmholta a rinn i dhan chompanaidh tro na bliadhnan agus tha sinn a' guidhe gu math dhi na dreuchd ùr.

Dh'fhuirich na stiùirichean eile mar a bha iad. Aig a' Choinneimh Bhliadhnail san t-Sultain 2004 chaidh Catriona Dunn ath-thaghadh mar riochdaire nan ùghdarrasan mòr-chaitheimh. Chaidh Murchadh MacÌomhair is Jean Nisbet ath-thaghadh airson na buill "Chumanta" a riochdachadh agus dhaingnich Sabhal Mòr Ostaig Lachie Dick mar an riochdaire. Chaidh Murchadh MacÌomhair ath-thaghadh an uair sin mar Neach-cathrach an Stòrlainn.

2.2 Luchd-obrach

Dh'fhuirich suidheachadh an luchd-obrach mar a bha e ann an 2004-5, gun atharrachadh sam bith sa sgioba bhunaitich. Airson a' chiad uair ghabh an Stòrlann compàirt san sgeama aig CNAG airson ceumnaichean a shuidheachadh agus thàinig Daibhidh Ceannadach dhan chompanaidh san t-Sultain 2004 airson bliadhna mar Oifigear Leasachaidh IT, a' leasachadh goireasan is structairean IT a' chompanaidh. Chaidh co-dhùnadh a dhèanamh Oifigear Leasachaidh eile a chur an dreuchd airson cuideachadh le leudachadh prògram eadar-ùghdarras 2005-6.

Thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh, tha barrachd cuideim air a bhith air trèanadh. Ghabh Mairead Dhòmhnallach, stiùiriche an Stòrlainn pàirt ann am prògram Masterclass IT a bh' air a ruith le LTS. Sa Ghearran 2005, ghabh luchd-obrach an Stòrlainn pàirt ann am prògram trèanadh dà latha ann an neartachadh sgioba, ann an Ionad Fairburn san Eilean Dhubh.



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Dh'fhuirich sgioba pròiseict *gàidhlig air-loidhne* mar a bha i le triùir bhall, ged a ghluais a chiad Cho-òrdanaiche, Moray Watson, gu dreuchd ùr ann an Oilthigh Obar Dheathain is thàinig Calum Rothach na àite, sa chiad dol a-mach air fo-fhastadh pàirt-ùine bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Dh'fhuirich Seònaid NicLeòid, an t-Oifigear Leasachaidh a th' air ceann na sgioba, agus Ruairidh MacAoidh, an Neach-deasachaidh, air fo-fhastadh bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Bu mhath leis an Stòrlann taing a thoirt dha Comhairle na Gàidhealtachd airson an co-obrachadh agus airson àit'-obrach airson pàirt den bhliadhna, a thuilleadh air àit'-obrach dha Seonag Shutharlanach, an t-Oifigear Leasachaidh a bha stèidhichte ann an Inbhir Nis. Tha an Stòrlann gu mòr an comain Comhairle nan Eilean Siar airson an àit'-obrach ann an Cearsiadair agus airson an taic leantainneach ann an iomadh dòigh, agus an comain Comunn na Gàidhlig a th' air cuideachadh a thoirt le àit'-obrach anns an eadar-àm dha luchd-obrach *gàidhlig air-loidhne* agus a th' air tuilleadh taic a thoirt seachad, mar eisimpleir le àitichean airson choinneamhan.

3. Am Prògram Eadar-ùghdarrais

Lean an Stòrlann a' toirt prìomhachas do phròiseactan a' phrògraim eadar-ùghdarrais ann an 2004-5. Tha liosta de na goireasan ùra a chaidh fhoillseachadh ann an 2004-5 an cois seo (faic Appendix 2).

A dh'aindeoin gainnead ionmhais chaidh adhartas a dhèanamh ann am mòran roinnean bunaiteach den churraicealam. Thathas air crìoch a chur air sgeama Matamataigs Heinemann a tha còmhach na bun-sgoile air fad agus thèid sgeama leughaidh Storyworlds (naoi sreathan le 16 leabhraichean, pasgain de stuthan luchd-teagaisg agus teipichean no CDan dha pàrantan) a chrìochnachadh ann an 2005. Tha coileanadh nam prìomh phròiseactan sin air maoinachadh a shaoradh dha leasachaidhean cudromach eile agus bheir seo cothrom dhan Stòrlann cuideam a chur air roinnean eile leithid Feumalachdan Sònraichte, a tha a' cur feum mhòr air aire ach a tha, gu ruige seo, air a bhith air a chur a thaobh air sgàth dìth airgid. Gheibhear cuideachd air cuideam a bharrachd a chur air cruthachadh stuthan ùra an àite a bhith an urra ri eadar-theangachaidhean de stuthan Beurla.

Chaidh pròiseact air leth cudromach a choileanadh tron bhliadhna – an sgeama Fonaigs, *Facal agus Fuaim*. Bha seo stèidhichte air rannsachadh ann am fuaimean na Gàidhlig a rinn



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Ionad Chaluim Chille Ìle ann an 2002-3; a-mach às chruthaich Gena NicIllEathain agus Dòmhnall Iain MacLeòid bho Chomhairle na Gàidhealtachd banca ghoireasan. Tha na stuthan gam foillseachadh aig àm nuair a thathas a' daingeachadh cudromachd fonaigs ann an leughadh ann an grunn chànanan. Mar sin tha cothrom aig sgoilearan Gàidhlig air stuthan a tha stèidhichte air an fheallsanachd fhoghlaim as ùire agus air an rannsachadh as ùire ann am fonaigs Ghàidhlig.

Cuideachd air a' phrògram airson a' chiad uair ann an 2004-5 bha stuthan dhan iomairt, *Gaelic Language in the Primary School* (GLPS). Chaidh sia seòrsachan gheamaichean brèagha dathte a dheasachadh a rèir sònrachadh thidsearan le sgeulachdan is obair air-loidhne nan cois. Tha a' phròiseact seo, a tha a' toirt a' chàin gu sgoilearan a th' air taobh a-muigh foghlam na Gàidhlig, air fàs gu mòr agus thathas ag ullachadh airson tuilleadh stuthan ann an 2005-6.

Chaidh deagh adhartas cuideachd a dhèanamh co-cheangailte ri leasachadh stuthan àrd-sgoile. Chaidh goireasan-cànain ùra fhoillseachadh am-bliadhna dha fileantaich is luchd-ionnsachaidh a thuilleadh air stuthan-leughaidh tarraingeach. Chaidh *Balach Beag a Mhàthar* le Catriona Lexy Chaimbeul a chur air bhog aig a' Mhòd san Dàmhair – a' chiad nobhail aig an sgrìobhadair òg seo. Aig an aon àm bhuannaich *Leig Leam*, le Màiri Anna NicDhòmhnaill (a dh'fhoillsich an Stòrlann air a' bhliadhna roimhe) duais a' Mhòid airson an nobhail dheugairean a b' fheàrr. Mar na nobhailean sin, chaidh *Àrd-sgoil*, an t-sreath nobhailean goirid simplidh le Anna Latharna NicIllIosa a sgrìobhadh airson deugairean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an fheadhainn mu dheireadh sin, le CD nan cois, a' leantainn bhon t-sreath leabhranan a chaidh fhoillseachadh o chionn dà bhliadhna is a chòrd gu mòr ri oileanaich is tidsearan agus chaidh an ullachadh mar fhreagairt do dh'iarrrasan airson tuilleadh den aon seòrsa.

Tha teagasg chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig a' faighinn mòran aire gu nàiseanta an-dràsta le suidheachadh Buidheann Gnìomhachaidh ICT Àrd-sgoile agus leis an leudachadh a-steach dhan àrd-sgoil a tha san amharc airson Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Tha e cudromach gun cùm an Stòrlann suas ri na h-iomairtean sin gus dèanamh cinnteach gu bheil stuthan gan deasachadh a rèir nan iarrrasan a th' air an sònrachadh. Mar a chaidh aithris gu h-àrd tha tòrr ùidh ga shealltainn sa phileat, *Cruinn-eòlas aig Astar*, cùrsa cruinn-eòlais air-loidhne tro mheadhan na Gàidhlig dha sgoiltean far nach eilear a' toirt foghlam àrd-sgoile seachad ann



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

an Cruinn-eòlas tron Ghàidhlig. Chaidh an cùrsa seo a thoirt seachad aig ìre AS1 ann an còig sgoiltean ann an 2004-5 (Greenfaulds (Comar nan Allt), Ìle, Am Ploc, Baile Dhubhthaich agus Tobar Mhoire), a' cleachdadh threòraichean anns na sgoiltean agus an taoitear air-loidhne. Lean sgioba *Cruinn-eòlas aig Astar* orra tro 2004-5 a' leasachadh stuthan airson AS2 gus an leanadh an sgeama a-steach gu 2005-6. Tha measadh leantainneach air feumalachdan threòraichean is sgoilearan anns an dòigh foghlaim ùr-ghnàthach seo a shònrachadh agus tha an Stòrlann a' fighe a-steach nan toraidhean gu obair bhuidhnean eile leithid Buidheann Gnìomhachaidh ICT Àrd-sgoile, Sabhal Mòr Ostaig agus LTSotland a tha uile an sàs ann a bhith a' leasachadh na roinne.

Tha an ceisteachan bliadhnaile dha tidsearan a' sealltainn deagh ìre de riarachadh le na stuthan a fhuaras agus a' dearbhadh gu bheil iad a cheart cho math, agus uaireannan nas fheàrr, na na stuthan a chaidh fhoillseachadh airson Beurla agus cuspairean eile. Ach tha freagairtean fhathast a' sònrachadh bheàrnan agus a' sealltainn gu bheil feum air raon nas fharsaingeach de ghoireasan a dheasachadh airson feumalachdan nan sgoilearan uile a choinneachadh. Gun teagamh sam bith tha feum air ìre maoinachaidh nas àirde.

Ann a bhith ag ullachadh stuthan, tha an Stòrlann a' co-obrachadh gu dlùth ri luchd-cleachdaidh – tidsearan, comhairlean foghlaim, sgrìobhadairean, foillsichearan, luchd-deilbh agus clò-bhualaidhean – gus dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt an fheum as fheàrr a ghabhas às a' mhaoineachadh agus gu bheil na stuthan a thathas a' deasachadh a' coinneachadh ri iarrtasan sgoiltean. Ged a tha gainnead thidsear a' ciallachadh gur ann ainneamh a gheibhear fo-fhastaidhean, tha buidhnean-obrach suidhichte airson mòran chuspairean agus thathas a' gabhail gach cothrom airson ceangail a dhèanamh ri tidsearan bun-sgoile is àrd-sgoile. Chaidh sùil a thoirt as ùr air an dòigh co-chomhairleachaidh agus ann an 2005-6 tha Stòrlann am beachd còmhraidhean a chumail ri barrachd thidsearan tro choinneamhan air feadh na dùthcha.

Tha an Stòrlann cuideachd a' strì ri dòighean ùra a lorg airson inbheachd chlà-bhualaidhean a leasachadh a thuilleadh air a bhith a' luathachadh a' phrògram eadar-ùghdarras. Chaidh coinneamhan a chumail le luchd-deasachaidh is eadar-theangairean le cuideam sònraichte air leasachadh briathrachas spèisealta agus chaidh stiùireadh a dheasachadh dha sgrìobhadairean an Stòrlainn.



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Gheibhear lethbhric de thoraidhean a' cheisteachain mu dheireadh agus de phrògram eadar-roinneil 2004-5 bhon Stòrlann.

4. Pròiseactan Stòrlann/LTScotland

4.1 gàidhlig air-loidhne

Chaidh am pròiseact, *gàidhlig air-loidhne*, a chur air bhog gu h-oifigeil san t-Sultain 2004 aig Fèis SETT ann an Glaschu. Tharraing seo mòran ùidh is tha cleachdadh an lionraidh air meudachadh gu mòr.

Tron bhliadhna bha sgioba *gàidhlig air-loidhne* an sàs ann an grunn thachartasan trènaidh air feadh na dùthcha, a' toirt eòlas dha tidsearan air an lionradh agus a' sealltainn bathar-bog ùr a gheibhear tro LTScotland. Chaidh tuilleadh ghoireasan a chur ris an lionradh agus oidhirpean a dhèanamh gus am bi tidsearan a' roinn ghoireasan. Chaidh adhartas a dhèanamh cuideachd ann a bhith a' stèidheachadh cheanglaichean co-obrachaidh le Stòr-data Fiosrachaidh (GRD) a chruthaich Comhairle nan Eilean Siar agus a tha nise ri fhaighinn tro *gàidhlig air-loidhne*.

Tha pàirt chudromach air a bhith aig sgioba *gàidhlig air-loidhne* ann a bhith a' leasachadh a' phrògraim airson A' Chuisle 2005 (faic gu h-ìosal), gu h-àraidh ann am planadh ghnìomharan co-cheangailte ri ICT.



4.2 A' Chuisle

Tha luchd-obrach an Stòrlainn uile air a bhith an sàs ann an leasachadh co-cheangailte ris *A' Chuisle*, co-labhairt nan tidsearan a tha LTScotland a-nis a' ruith, agus ann am planadh tachartas 2005 (san Ògmhios 2005). Tha *A' Chuisle* air a bhith na h-inneal cudromach airson tidsearan a thoirt ri chèile airson beachdan is eòlas a cho-cheangal agus airson an sgilean a leasachadh. Thòisich a' chiad cho-labhairt dhen *Chuisle* an gluasad airson stèidheachadh *gàidhlig air-loidhne* agus, mar a th' air a ràdh gu h-àrd, tha pàirt chudromach air a bhith aig an sgioba ann a bhith a' cur thachartasan ICT air chois aig a' cho-labhairt.

4.3. Pròiseactan eile

Ann an 2004-5 bha an Stòrlann cuideachd ag obair mar chomhairliche càileachd dha LTScotland an lùib grunn phròiseactan ùra Gàidhlig a bha gan tairgsinn air lionradh LTScotland. Bha an Stòrlann cuideachd an làthair aig fèis SETT ann an Glaschu agus aig SETT sa Ghàidhealtachd (ann an Inbhir Nis) far an robh ionad-foillseachaidh is taisbeanadh de chuid de stuthan ùra an Stòrlainn.

Tha e na phrìomhachas aig an Stòrlann a bhith a' leudachadh raon agus seòrsa nan stuthan a tha ri fhaighinn ann an sgoiltean Gàidhlig agus tha sinn a' coimhead air adhart ri tuilleadh co-obrachaidh le LTScotland sa bhliadhna tha romhainn.

5. Ceanglaichean is Co-obrachadh le Buidhnean Eile

Tha an Stòrlann a' leantainn a' co-obrachadh le raon de dh'iomairtean eile. Tha àite aig an Stòrlann air Comataidh Prògraman Foghlaim Gàidhlig a' BhBC, agus bidh e gu cunbhalach a' cumail suas ri buidhnean agus iomairtean mar Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig, Comhairle nan Leabhraichean, Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, Pròiseact nan Ealan agus Ùghdarras Teisteanasan na h-Alba. Thug Fòram Luchd-foghlaim Gàidhlig agus Cuimris cothrom beachdan a roinn le co-oibrichean sa Chuimrigh.

Rè na bliadhna fhritheil luchd-obrach an Stòrlainn grunn cho-labhairtean agus thachartasan eile, a' gabhail a-steach A' Mhòid Nàiseanta Rìoghail ann am Peairt, ciad co-labhairt CLAS



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

(A' Bhuidheann ùr de thidsearan Gàidhlig àrd-sgoile), Latha na Gàidhlig (Peairt) agus àireamh de dh'in-sheirbheisean is thachartasan sgoile.

Tha an Stòrlann cuideachd a' gabhail pàirt ann am FlaT, pileat a chaidh a stèidheachadh le Comhairle Siorrachd Inbhir Àir an Ear le maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba. 'S e amas a' phròiseict seo a bhith a' toirt piseach air leughadh is sgrìobhadh sgoilearan sa bhun-sgoil agus bidh sgoiltean bho ghrunn ùghdarrasan ionadail a' gabhail pàirt ann.

Bidh an Stòrlann a' faighinn mòran iarrtasan bho bhuidhnean eile airson cuideachadh le deasachadh agus fiosrachadh air feumalachdan thidsearan. Bidh sinn gam freagairt cho fad 's a ghabhas sin a dhèanamh, mar a cheadaicheas ùine agus luchd-obrach, agus a' cumail an cuimhne gur e am prìomhachas againn am prògram phròiseactan agus sheiribhisean a chaidh aontachadh le na h-ùghdarrasan ionadail a libhrigeadh.

6. Leasachaidhean Eile

Mar a chaidh aithris gu h-àrd leasaich an Stòrlann na siostaman IT aca tron bhliadhna agus chaidh grunn nithean ùra a cheannach, nam measg uidheam cho-labhairtean bhideo. Tha iad sin uile air an Stòrlann a chuideachadh ann a bhith a' conaltradh ri com-pàirtichean phròiseact agus sgoiltean.



7. Geàrr-chunntas de Phrìomhachasan 2005-2006

Le mothachadh gur e deasachadh ghoireasan dha sgoiltean am prìomhachas as cudromaiche coileanadh an Stòrlann na leanas:

- prògram leudaichte de phròiseactan eadar-ùghdarras mar a chaidh aontachadh le ùghdarrasan ionadail agus Bòrd na Gàidhlig
- tuilleadh ghoireasan a dheasachadh sa Ghàidhlig, an dà chuid ann an cruthan dealain is clò-bhuailte, tro cho-obrachadh le Learning and Teaching Scotland agus buidhnean eile
- co-obrachadh le buidhnean eile airson leudachadh a dhèanamh air stuthan is air dòighean libhrigidh chuspairean san àrd-sgoil
- tuilleadh maoinachaidh a lorg airson leasachadh ghoireasan agus gach cothrom a chleachdadh gus àireamh, càileachd is luaths fhoillseachaidhean a mheudachadh
- ceanglaichean a leasachadh le solaraidhean ghoireasan taobh a-muigh Alba gus ionnsachadh bho fhiosrachadh chàich
- tuilleadh obrach air coimisean a ghabhail bhon tig tuilleadh stuthan ùra dha sgoiltean.

Ann a bhith a' leasachadh a sheirbheisean taice dha tidsearan coileanadh an Stòrlann na leanas:

- co-obrachadh le LTSotland gus a' phròiseact *gàidhlig air-loidhne* a leasachadh agus coimhearsnachdan-lìn dha tidsearan Gàidhlig a leudachadh
- leasachadh a dhèanamh air ceanglaichean le agus eadar tidsearan Gàidhlig agus pàirt a ghabhail ann an tachartasan a tha air an cur air dòigh dhaibh
- tachartasan trèanadh eile agus in-sheirbheisean a libhrigeadh airson brosnachadh a thoirt do chleachdadh nan goireasan ùra.

Coileanadh an Stòrlann cuideachd na leanas:

- sanasachd air obair is air a sheirbheisean cho farsaing 's a ghabhas
- co-obrachadh le buidhnean eile airson goireasan foghlaim a bharrachadh
- trèanadh luchd-obrach a leasachadh agus tuilleadh leasachadh luchd-obrach a bhrosnachadh
- taic a thoirt dha pàrantan cho fad 's a cheadaicheas ionmhas is ùine.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' coimhead air adhart ri tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air a sheirbheisean dha foghlam Gàidhlig sa bhliadhna tha tighinn.



1. Introduction

Important advances were made in Stòrlann's work in the year 2004-5. Expansion of the inter-authority programme was matched by further participation in national initiatives in education and by the ongoing development of joint projects with partners such as Learning and Teaching Scotland (LTScotland). The Gaelic Online (*gàidhlig air-loidhne*) project was the largest of the joint projects undertaken during the year. The *Cruinn-eòlas aig Astar* pilot online course continued to occupy an important place in Stòrlann's work programme and to attract a good deal of interest from educationalists.

Turnover rose to £891,538 during the year, compared with £729,105 in 2003-4. Changes in the funding structure for Gaelic meant that Stòrlann received funding for its main areas of activity through Bòrd na Gàidhlig rather than the Scottish Executive. The inter-authority programme continued to be funded largely by the local authorities, supplemented by additional funds from the Scottish Executive and Bòrd na Gàidhlig. There was an increase in local authority contributions from £315,964 to £401,851 and the total value of inter-authority projects rose from £404,489 to £492,798. The expansion of the *gàidhlig air-loidhne* project was reflected in the increase in income from this source from £80,960 to £165,300.

During the year Stòrlann received news of increased Bòrd na Gàidhlig funding in 2005-6, allowing plans to be made for further extending the inter-authority programme. Increases in the level of funding are encouraging but require to be raised still further if all the gaps in Gaelic education are to be met.



2. Summary of Key Developments

2.1 Board of Directors

The composition of the Board changed in September 2004, when Margaret MacIver resigned as representative of Comunn na Gàidhlig (CNAG), following her appointment to a new post at Aberdeen University. Her place on the Board was taken by Donald Martin, Chief Executive of CNAG. Stòrlann would like to thank Margaret MacIver for her valuable contribution to the company over several years and wish her well in her new post.

All other directors remained as before. At the Annual General Meeting in September 2004, Catriona Dunn was re-elected as representative of the larger-spending authorities. Murdo MacIver and Jean Nisbet were re-elected to represent the "Ordinary" members and Sabhal Mòr Ostaig confirmed Lachie Dick as its representative. Murdo MacIver was subsequently re-elected as Chairman of Stòrlann.

2.2 Staffing

The staffing situation remained stable in 2004-5, with no changes in core Stòrlann staffing. For the first time Stòrlann took part in the CNAG graduate placement scheme and David Kennedy joined the company in September 2004 on a year's appointment as IT Development Officer, building up the company's IT resources and structures. A decision was also taken to appoint an additional Development Officer to help carry out the expansion of the inter-authority programme in 2005-6.

There has been an increased focus on training over the last year. Mairead MacDonald, Stòrlann director, took part in the Masterclass IT programme run by LTS. In February 2005 all Stòrlann staff participated in a 2-day training programme at the Fairburn Centre in the Black Isle, focussing on team-building activities.

The *gàidhlig air-loidhne* project team remained at three members although their first Facilitator, Moray Watson, moved to take up a post at Aberdeen University and was replaced



by Malcolm Munro, initially on part-time secondment from Highland Council. Janet MacLeod, the Development Officer leading the team, and Ruairidh MacKay, the Content Editor, remained on secondment from Highland Council. Stòrlann would like to thank Highland Council for their co-operation and for the provision of accommodation for part of the year, as well as accommodation for Joan Sutherland, Development Officer based in Inverness. Stòrlann continues to be indebted to Comhairle nan Eilean Siar for their provision of accommodation in Kershader and for their ongoing assistance in so many ways, and to Comunn na Gàidhlig who have assisted with interim accommodation for Gaelic Online staff and given additional support such as the provision of meeting space.

3. The Inter-authority Programme

The delivery of the inter-authority programme of projects continued to be Stòrlann's main priority in 2004-5. A list of new resources produced in 2004-2005 is attached (see Appendix 2).

In spite of financial constraints, headway has been made in many core curricular areas. The Heinemann Maths scheme, covering the whole of the primary school, has now been completed, and the Storyworlds reading scheme (nine series, each comprising 16 books, folders of teachers' materials and tapes or CDs for parents) will be completed in 2005. The completion of these key projects has freed up funding for other important developments and will allow Stòrlann to focus on areas, such as Additional Support Needs, which urgently require attention but which have up until now been held back by lack of funding. It will also be possible to focus more on the creation of original materials and less on translations of materials produced for the English-medium classroom.

A very significant project completed during the year was the Phonics scheme, *Facal agus Fuaim*. This was based on original research into Gaelic phonics commissioned from Ionad Chaluim Chille Ìle in 2002-3 and led to a bank of resources being created by Gena MacLean and Donald John MacLeod of Highland Council. The materials have been published at a time when the importance of phonics in the teaching of reading is being stressed across a number of languages. Gaelic pupils therefore have access to materials founded on the latest educational thinking and the latest research in Gaelic phonics.



Also on the programme for the first time in 2004-5 were materials for the *Gaelic Language in the Primary School* (GLPS) initiative. Six types of games, attractively designed in full colour, were produced to teachers' specifications and were accompanied by stories and activities online. This important project, which introduces pupils outwith Gaelic-medium education to the language, has experienced considerable growth and further materials are planned for 2005-6.

Significant strides have also been made in the development of secondary materials. This year has seen the publication of new language resources for both fluent speakers and learners as well as attractive new reading materials. *Balach Beag a Mhàthar* by Catriona Lexy Campbell was launched at the Mòd in October – a first novel for this young writer. Meanwhile, *Leig Leam* by Mary Anne MacDonald, published by the Stòrlann in the previous year, won the Mòd award for the best teenagers' novel published. Like these novels, the *Àrd-sgoil* series of simple short novels by Anne Lorne Gillies have been written with the needs of Gaelic-medium teenagers in mind. The *Àrd-sgoil* series, accompanied by CDs, are a follow-up to a series of easy-reading booklets produced two years ago which were very popular with students and teachers alike and were published in response to requests for more of this type.

The teaching of subjects through the medium of Gaelic is an area currently receiving much attention nationally, with the setting up of the ICT Secondary Implementation Group and the planned expansion of the Glasgow Gaelic School into the secondary sector. It is important that Stòrlann keep abreast of these initiatives to ensure that materials are being produced in line with identified needs. As noted above, the ongoing pilot of *Cruinn-eòlas aig Astar*, an online Geography course through the medium of Gaelic, catering for schools where Gaelic-medium secondary provision is not available, has attracted a good deal of attention. This course has been piloted at S1 level in five schools during 2004-5 (Greenfaulds (Cumbernauld), Islay, Plockton, Tain and Tobermory), using mentors within each school and an online tutor. The *Cruinn-eòlas aig Astar* team continued through 2004-5 to develop materials for S2 to enable the pilot to be extended into 2005-6. Ongoing evaluation has highlighted the needs of mentors and pupils in this innovative approach to education and Stòrlann is sharing its findings with other groups, such as the ICT Secondary Implementation



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Group, Sabhal Mòr Ostaig and LTScotland, who are all engaged in plans to develop the sector.

The annual questionnaire for teachers continues to demonstrate a high degree of satisfaction with the materials produced, indicating that they compare very favourably with those produced for English and other languages. However, responses also continue to identify gaps and highlight the need for a wider range of resources to be produced to meet the needs of all pupils. An enhanced level of funding is undoubtedly required.

In developing resources the Stòrlann continues to work closely with all concerned – teachers, education advisers, writers, publishers, designers and printers – to ensure that the best possible use is made of all available funding and that the resources produced match schools’ requirements. While teacher shortages mean that secondments are rare, working groups are in place for many subjects and every opportunity is taken to liaise with both primary and secondary teachers. Plans have been made to revise the consultation process to allow even more teachers to contribute to discussion, with a series of “round the country” meetings planned for 2005-6.

Stòrlann also continues to seek ways to develop the quality of publications as well as the speed of delivery of the inter-authority programme. Meetings have been held with editors and translators, with a particular focus on development of specialist terminology, and guidelines developed for writers working on Stòrlann publications.

Copies of the latest questionnaire findings and of the inter-authority programme for 2004-2005 are available from Stòrlann.



4. Stòrlann/ LTScotland projects

4.1 gàidhlig air-loidhne

The *gàidhlig air-loidhne* project was formally launched in September 2004 at the SETT Festival in Glasgow. This attracted a good deal of interest and usage of the network has increased apace.

Over the year, the *gàidhlig air-loidhne* team carried out a number of training events throughout the country, introducing teachers to the network and demonstrating new items of software available through LTScotland. Further resources have been added to the network and efforts made to encourage a culture of sharing of resources among teachers. Progress was also made on collaborative links with the Gaelic Resource Database created by Comhairle nan Eilean Siar, which can now be accessed through *gàidhlig air-loidhne*.

The *gàidhlig air-loidhne* team also had a central role in developing the programme for A' Chuisle 2005 (see below), especially in the planning of ICT-related features.

4.2 A' Chuisle

All Stòrlann staff have continued to be involved in the development of A' Chuisle, the teachers' conference now run by LTScotland, and in planning for the 2005 event (held in June 2005). A' Chuisle has been an important vehicle for bringing teachers together to share ideas and experiences and to develop their skills. The first A' Chuisle conference provided the original impetus for the establishment of *gàidhlig air-loidhne* and, as noted above, the team has subsequently had a key part in organising ICT events at the conference.

4.3. Other projects

During 2004-5 Stòrlann also acted as quality adviser to LTScotland on a number of new Gaelic projects being made available on the LTScotland network. Stòrlann also attended the



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

SETT festival in Glasgow and SETT in the Highlands (in Inverness) where there was a stand and demonstration of some new Stòrlann materials.

Extending the range and type of materials available to Gaelic schools is a priority for Stòrlann and we look forward to further co-operation with LTSScotland in the coming year.

5. Contacts and Co-operation with Other Bodies

Stòrlann has continued to co-operate with a range of other initiatives. Stòrlann has a place on the BBC's Gaelic Education Programmes Committee, and is in regular contact with bodies and initiatives such as Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig, Comhairle nan Leabhraichean, Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, Pròiseact nan Ealan and the Scottish Qualifications Authority. The Gaelic-Welsh Educators' Forum has provided an opportunity to share ideas with colleagues in Wales.

During the year Stòrlann staff attended a number of conferences and other events including the Royal National Mod in Perth, the first conference of CLAS (the newly-formed Association of Gaelic Secondary Teachers), Latha na Gàidhlig (Perth) and a number of school in-services and events.

Stòrlann is also participating in the FLaT pilot, set up by East Ayrshire Council with funding from the Scottish Executive. The aim of this pilot is to improve pupils' reading and writing in primary school and schools from a number of local authorities will be taking part.

Stòrlann receives many requests from other organisations for assistance with Gaelic proofing and information on the requirements of teachers. We respond to these as far as possible, within the constraints of time and human resources, bearing in mind that our priority is to deliver the programme of projects and services agreed with the local authorities.



6. Other Developments

As indicated above, Stòrlann upgraded its IT systems during the year and invested in a number of new items of equipment, including video conferencing facilities. These have helped the Stòrlann to communicate better with project partners and schools.



7. Summary of Priorities 2005-2006

Recognising the provision of resources for schools as its chief priority Stòrlann will:

- deliver an extended programme of projects as agreed with the local authorities and Bòrd na Gàidhlig
- continue to work in partnership with LTScotland and others to develop further resources in Gaelic, in both electronic and printed formats
- work with others to extend the materials and methods of delivery available for teaching of subjects in secondary schools
- continue to seek additional funding for the development of resources and use all opportunities to increase the quantity, quality and speed at which publications are produced
- develop links with resource providers outwith Scotland, in order to learn from the experience of others and benefit Gaelic education
- undertake additional work on commission where this will result in further new materials being made available for schools.

Developing its support services for teachers Stòrlann will:

- work in partnership with LTScotland to develop the *gàidhlig air-loidhne* project and extend electronic communities for Gaelic teachers
- continue to develop links with and between Gaelic teachers and to participate in events for them
- deliver other training events and in-services to encourage best use of new resources.

Stòrlann will also:

- promote its work and services as widely as possible
- continue to co-operate with other organisations to maximise the resources available for education
- develop training for staff and encourage further staff development
- continue to work to support parents as far as the current allocation of resources will allow.

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig looks forward to further developing its services to Gaelic education in the coming year.



APPENDIX 1

BOARD MEMBERS AS AT 31 MARCH 2005

Murdo MacIver	North Lanarkshire Council (Chair)
Lachie Dick	Sabhal Mòr Ostaig
Catriona Dunn	Comhairle nan Eilean Siar
Donald Martin	Comunn na Gàidhlig
Jean Nisbet	East Ayrshire Council

STAFF MEMBERS AS AT 31 MARCH 2005

Mairead MacDonald	Director
Johan Graham	Development Officer
Joan Sutherland	Development Officer
Margaret MacLean	Office Manager
Johanna MacMillan	Administrative Assistant
David Kennedy	IT Officer (CNAG Graduate Placement Scheme)



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

GAELIC ONLINE TEAM MEMBERS AS AT 31 MARCH 2005

Janet MacLeod Development Officer

Ruairidh MacKay Content Editor

Malcolm Munro Facilitator



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

APPENDIX 2

RESOURCES PRODUCED UNDER INTER-AUTHORITY SCHEME 2004-5

(Including resources produced with additional Scottish Executive funding)

PRIMARY MATERIALS

Early Years

- Gluais CD (action and movement songs)

Reading Scheme

- Heinemann Storyworlds Series 8 (16 books, 4 folders and 2 CDs)
- Storyworlds 1 interactive support materials using Clicker 4

Other Language

- Facal agus Fuaim Phonics scheme (teachers' notes, folder of photocopiable materials, colour workbooks, book of rhymes and CD)
- Sàr Obair: CD of Level D reading materials

Crosgagan Series: (novels P5-7)

- Al by Seonag Monk
- Leabhar-latha no Dhà by Morag Stiùbhart



Bridges Series

- An t-Uilebheist anns a' Phreasa by Narinder Dhami adapted by Dòmhnall Iain MacLeòid
- Sligeanach na Slige Briste by Jane Langford adapted by Norma NicLeòid
- Sìm – an Lorg-phoileas as Fheàrr by Mairead Ryan adapted by Seònaid Ghriogair
- Iain aig an Sù by Iain Priest adapted by Seònaid Ghriogair

Maths Scheme

- Heinemann Scottish Maths Series 7: textbooks, workbook and support materials
- Maths Glossary

Environmental Science

- Gaelic CD versions (produced by Highland Council) on Textease software:
 - Dè a' Bhuaidh a th' aig mo bhiadh orm?
 - Làn lùth & Lusan agus flùraichean (*It's Science* series)
- Discovery Worlds Series C: 7 colour books:
 - Meanbh-bhiastag – Leabhar mòr-eòlais
 - Leabhar-latha pònair
 - Sùilean
 - Stuthan
 - A' cleachdadh acfhainnean
 - Bracaist
 - Latha ann am Beatha Phàiste Bhictòriannach
- Corp an Duine: Big Book on human body

Gaelic Learners in Primary School (GLPS) programme

- Six sets of games for learners in primary school on subjects such as pets, numbers, clothes, days of the week and the home
- Online stories



SECONDARY MATERIALS

Language Materials

- Abair Fhèin E 2 support materials: 2 folders and 4 CDs for S2/3 learners
- Seadh! CD to accompany language course for S1/S2 fluent speakers

Solais Series: (fiction)

- Air a' Bheinn by Dòmhnall Ruadh
- An Tobht aig Anndra by Mairi Rhind

Other Reading

Story booklets with CDs by Anne Lorne Gillies

- An Seada-ghàrraidh
- Càit a bheil Seònaid Chaimbeul?
- An Dreasa Dhearg

Geography

- Cruinn-eòlas aig Astar online Geography course S1 pilot and S2 materials

History

- Co-chàirdeas Eadar-nàiseanta: Gaelic version of Hodder & Stoughton textbook
International Relations



APPENDIX 3

INTER-AUTHORITY PROJECTS PROGRESSED IN YEAR 2004-2005 FOR PUBLICATION IN 2005-2006 AND BEYOND

PRIMARY MATERIALS

Language

- Sàr Obair: Initial development for Level C
- Initial development of materials for Additional Support Needs including Gaelic Lexicon for predictive text

Fiction

- Commissioning of new novels from Màrtainn Mac an t-Saoir, Lisa Storey, Iseabail T. NicDhòmhnaill and Beathag Mhoireasdan

SECONDARY MATERIALS

Language

- Development of Abair Fhèin E 3 book
- Development of book of grammar exercises to accompany Gràmar na Gàidhlig
- Development of revised Brìgh nam Facal dictionary
- Development of Scottish map

Solais Series: (fiction and non fiction)

- Mac an t-Srònaich revision – commission
- Tubaistean Spòrs - commission



APPENDIX 4

ADDITIONAL RESOURCES DISTRIBUTED TO SCHOOLS

Part funded by Stòrlann in previous years:

- Rìoghachd nan Eilean by Dòmhnall Uilleam Stiùbhart (book to accompany TV series)
- Iomadh Rud 1 and 2 videos (BBC education programmes)

Purchased by Stòrlann for distribution to schools:

Leabhraichean Beaga series:

- Ceitidh sa Chidsin by Stephanie Dagg
- Daifni Dìneosor by Àine Nì Ghlinn
- Muncaidh Dàna by Àine Nì Ghlinn
- Fiaclan Granaidh by Brianòg Brady Dawson

Ùr-sgeul series from Comhairle nan Leabhraichean:

- An Oidhche Mus do Sheòl Sinn by Aonghas Pàdraig Caimbeul
- Là a' Dèanamh Sgèil Do Là by Aonghas Pàdraig Caimbeul
- Ath-aithris by Màrtainn Mac an t-Saoir (book and CD)